




Na Bong'es

agus Na Starragan Carach



Sgriobhte le
Oscar Van Heek



Eadar-theangachadh le
Johan Nic a' Ghobhainn




Dealbhan le
Dean Queazy

Na Bongles - agus Na Starragan Carach

Sgriobhte le
Oscar Van Heek

Eadar-theangachadh le
Johan Nic a' Ghobhainn

Dealbhan le
Dean Queazy




Na Bongles



Agus seo **Beanie**.
Cùm suas mas urrainn dhut.
Tha i làn bheachdan,
nuair tha feum aig an sgioba air plana.

Tha earball air a roinn aig **na càraidean**
's tha iad coltach ri chèile nan nàdar,
Strì is Dorran:
Sin an aihm agus an dòigh.



Seo **Bubba Mòr Mòr**.

Is e tha spòrsail.

A chridhe air a mhuinchill,
agus a mhionach a' rùchdail.



Can halò ri **Seasag**.

Is ise an tè cheòlmhor.

Às a h-aonais, bhiodh na Bongles
gun mòran spòrs aca.





Seo **Peata Reata Ròbot**.

Gun ann ach pàirtean a chòrr.


Ach thèid e na rud sam bith
agus dlùth do an cridhe gu leòr.





Air planaid fada air falbh,
bha an oidhche dubh-dorcha,
a' cur fàilte air latha nach robh balbh.

Bha **na Bongles** nan cadal 's a' bruadar gun **sgur**,
nuair thàinig trì bucais fhiodha ge bith cò às - à tìr
no **muir**?



Aon làn shoithichean
is aon làn **bhonnaich**,
is aon làn aodaich
's a h-uile seòrsa treallaich.



Bha **Seasag** air a dòigh.
'S ise bhiodh spaideil,
ach dh'fheumadh i bhith luath,
oir bha na starragan ri faire.



Chaidh iad air an ceann direach
is ghoid iad drathais is bròg,
sgèith iad air falbh
le biog agus bòg.




Bha Strì is Dorran le iongnadh
a' dian-choimhead dhan bhucas,
dh'fhalbh iad le glainneachan
truinnsearan is cupa.




Thòisich iad gan sadail
àrd suas dhan an adhar,
ach thàinig na starragan
's cha b' e sin adhbhar gàir'.





Nis bha **Peata** gan coimhead
is ghabh e cùisean os **làimh**,
dh'èigh e nall orra uile
a dh'innse na bha 'n **dàn**.





Thog iad na bucais
agus dh'fhalbh iad le **fruis**
sios chun an t-seada
nan cabhaig 's le **rus**.



Bha na bucais a-nis còmhla,
is sàbhailte **a-staigh**.
Ach dh'fheumte facal-faire
rud nach biodh na **dhragh**.





Smaoinich e mu àireamh
a għlasadh an doras.
Thachais e a cheann is...
Aon, dhà, tri, ceithir.

B' ann sunndach an ceum
a' dol chun na tràghad,
an glas air an doras
a chumadh a-mach càch.






Ach bha starrag air a bhith
prosbaig
shuas àrd anns na craobhan,
is thug i fa-near
nach biodh seo na dhübhlán.



Sgèith i sìos gu h-obann
's chuir i àireamhan an òrdugh.
Dh'fhosgail i an doras,
b' ann an seo a bhiodh am pàrtaidh!







Thàinig an uair sin starrag eile
is a caraidean nan àl,

a dh'itheadh gach nì
cha do dh'fhàg iad aon **chàil**.

A' sgiamhail 's a' cagnadh,
bonaidean mun **cinn**.
Spòrs is fealla-dhà,
is fuaim nach robh **binn**.




Ach chuala Peata an guthan
is dh'èigh e gu cruaidh,
a làmhan a' smèideadh,
gun toireadh esan buaidh.




Car an siud 's car an seo,
bha a mhionach na sgàilean.
Dh'iarr e facal-faire,
is fhuair e sin gun dàil ann.

Dh' iarr e 'n uair sin air **Seasag**
a dhol air a corra-biod,
a còta a shìneadh a-mach
gus an cumail à siud.



Smaoinich **Bubba** gu dian
is roghnaich e trì rudan,
peasair is craobhan
is eòin bheaga ghobach.







Shìn Peata a ghàirdeanan
ceithir-thimcheall an t-seada,
bhrùth e a làmhan teann
is għlas e 'n doras gu sgreadach.



Cha robh ach **Bubba** a-mhàin
a b' urrainn an doras fosgladh,
oir bha fhaclan mar iuchair
a chumadh ulaidh gu seasgair.






Nochd na starragan gu sgiobalta
is bhrùth iad na trì fhaclan,
ach thagh iad gu ceàrr
mo chreach is mo nàire!

An dèidh trì oidhirpean
ghabh iad eagal mòr,
chaidh an dùdach dheth
's dh'fhalbh iad mar bhad ceò!

Rinn na Bongles lachan-gàire
is na deòir sìos bha sruthadh.

Na starragan gòrach ud
chan fhad' a bhiodh guth orra!



Toilichte gun robh an ulaidh
tèaraint' 's air a dòn,
na starragan air am bacadh
's iad a' dol às an rian.





Lìon Beanie na glainneachan
's shuath i iad le pìos craoibhe.
Nan cluinheadh tu am fuaim,
chuireadh i a dhanns' thu.

Tè às dèidh tè
thàinig na starragan a choimhead
an danns' 's am fealla-dhà
a' sior dhol am meud.



Cuid a' danns' le adan,
cuid eile le drathairsean.

bha na starragan cho èasgaidh
's gun tàinig am pathadh orra

Bha **na Bongles** lag a' gàireachdainn.
Na starragan amaideach ud!
Iad a-nis nan dlùth-dhàimhean,
's cha b' ann nan hàimhdean ac'.



Beachdan Airson Leughadh

Coimhead ris a' chòmhdach agus ri fiosrachadh mu na caractaran.

1. Dè tha thu a' faicinn air a' chòmhdach aghaidh?
2. Dè tha "cealgach" a' ciallachadh?
3. A bheil caractar ann as fheàrr leat?

Leugh an leabhar no coimhead am beò-dhealbh suas gu duilleag 12.

1. Dè tha na starragan a' dèanamh?

"Bha Peata a-nis air a bhith a' coimhead agus ghabh e smachd air cùisean.
Dh'èigh e a h-uile neach a-null, agus dh'innis e dhaibh mun phlana aige."

2. Carson a tha feum aig Peata air plana?

3. Dè am plana a bha aig Peata?

4. Dè am plana a bhiodh agadsa?

5. Dè na nithean a tha speisealta agus cudromach dhut?

6. Ciamar a tha thu a' cumail nan nithean speisealta agus cudromach agad sàbhailte
agus tèarainte?



Còd-faire no Facial-faire?

Tha facail-faire glè choltach ri còdan-faire, ach an àite àireamhan cleachdaidh iad facail.

Chleachd Peata Ròbot facial-faire airson an t-seada a chumail sàbhailte bho na starragan.

Cleachdaidh sinn facail-faire gus fiosrachadh a chumail sàbhailte air an eadar-lòn.

Dh'fhaodadh gum faca tu inbheach a' cleachdadh facial-faire gus coimpiutair fhosgladh no's
dòcha am post-d aca.

Dè tha a' dèanamh Còd-faire math?

Leugh an leabhar no coimhead am beò-dhealbh bho dhuilleagan 13 - 20.

1. Dè na h-àireamhan a thagh Bubba airson còd-faire a dhèanamh suas?

2. An robh e tèarainte?

3. Dè na h-àireamhan tuaireamach a th' ann?

4. An do thagh Bubba àireamhan tuaireamach?

5. Dè na h-àireamhan tuaireamach a dh'fhaodadh Bubba a bhith air a
thaghadh nan àite?



Leugh an leabhar no coimhead am beò-dhealbh suas gu duilleag 24.

“Ach bha starrag air a bhith a’ coimhead bho shuas anns na craobhan,
agus air mothachadh don chòd-faire gu furasta.”

Trì Fhacail Thuaireamach

1. Ciamar a dh’fhaodadh na Bongles a bhith air stad a chur air na starragan bho an còd-faire fhosgladh?
2. Dè rinn Seasag airson am facal-faire a dhòn bho na Starragan?

Leugh an leabhar no coimhead am beò-dhealbh suas gu duilleag 34.

“Bha Bubba a’ meòrachadh, thagh e trì fhacail thuaireamach, peasair, craobhan ... agus drannd-eòin.”

1. Dè bha math no nach robh math mu chuid de na facail-faire agus còdan-faire air an cruthachadh san sgeulachd?
2. Dè th’ ann am facail thuaireamach?
3. Carson a tha taghadh air trì fhacail thuaireamach còmhla, a’ cuideachadh le facail-faire nas tèarainte a dhèanamh?



peansail



builgean




mathan teadaidh

Dìsne


1. Geàrr a-mach lìon na dìsne.
2. Sgriobh facal tuaireamach anns gach ceàrnag, agus tarraing dealbh airson a dhol leis m.e. lollipop, sgòth, luchag.
3. Paisg e air na loidhnichean dotagach.
4. Cuir ann an cumadh ciùb e.
5. Glaodh na tabaichean a-staigh ann.

A-nis, faodaidh tu an dìsinn a roiligeadh trì tursan às dèidh a chèile, gus facal-faire trì fhacail thuaireamach fhaighinn!

Ma roiligeas tu an t-aon fhacal dà thuras, roilig a-rithist e. Cuimhnich gu bheil feum agad air trì fhacail thuaireamach/dhiofraichte!




Beag-fhaclair



- còd-faire** - sreach dìomhair de dh'aireamhan air an taghadh le cuideigin, coltach ri iuchair airson nithean fosgladh
- facal-faire** - facal dìomhair no sreach de fhacail, air an cleachdadhar mar iuchair airson faighinn a-steach do dh'àiteachan no do dh'fhiorsachadh
- dionte** - facal ag innse mu nì a tha ga chumail sàbhailte bho chron
- tuaireamach** - gun dùil, às aonais pàtran, sreach de nithean gun cheangal ri chèile
- tèarainte** - facal ag innse mu nì a tha sàbhailte no air a dhòn



Tadhailibh air thebongles.com
airson ghnìomhachdan ionnsachaidh
is beò-dhealbhaidhean.



Leabhraichean Eile:
Seasag is Niseag
Peata Inneal-nighe
Biadh-boise Uilebheist
Dinnear TBh

Air a chruthachadh is dealbhaichte le
Dean Queazy

Air a sgrìobhadh le
Oscar Van Heek

Air a riochdachadh le
Frances O'Neill

Dealbhadh Grafaigeach le
Viola Madau

Air eadar-theangachadh le
Johan Nic a' Ghobhainn

Deasaichte le
Beathag Mhoireasdan

Deasaichte le
Sophie O'Neill



Story Learning Ltd
Edinburgh, EH6

Text and illustrations copyright © The Bongles SCO
First published in the UK 2022
This edition published 2024

Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith den teacsa
seo ath-chruthachadh air dhòigh sam bith, gun chead ro-làimh bho
Story Learning Ltd.

ISBN: 978-1-915504-25-8

Na Bongles

agus Na Starragan Carach

Tha trì bucais fhiodha a' tighinn air tir air Eilean Bongle. Aodach ann an aon dhiubh, truinnsearan is cupannan ann am fear eile agus pàidhean fallain ann am fear eile.

Tha na Bongles airson na h-ulaidh ùir a chumail sàbhailte bho na starragan carach.

Ach am faigh na starragan carach tro għlasan agus facail-faire nam Bongles, agus am faigh iad na bucais làn ulaidh dhaibh fhèin?

Fhuair leasachadh air Na Bongles agus Na Starragan Carach taic bho Riaghaltas na h-Alba ann an com-pàirteachas le **Fogħlam Alba**.



supported by

National Cyber
Security Centre



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

 Education
Scotland
Fogħlam Alba



9 781915 504258

theBongles.com

